

# **Cairt Taigheadais Shòisealta na h-Alba**

**Samhain 2022**

**May 2023**

# Cairt Taigheadais Shòisealta na h-Alba

## Ro-ràdh

### 1 Inbhe na Caire

1.1 Mar a dh'fheumar fo earrainn 31 de dh'Achd an Taigheadais (Alba) 2010, tha Ministearan na h-Alba, ann an Cairt Taigheadais Shòisealta na h-Alba seo, a' stèidheachadh nan ìrean seirbheis agus nam builean air am bu chòir dhan a h-uile uachdaran sòisealta a bhith ag amas nuair a tha iad a' coileanadh na h-obrach is nan gnìomhan taigheadais aca.

1.2 Chaidh a' chiad Chairt a chur an gnìomh air 1 Giblean 2012 agus chaidh ath-bhreithneachadh a dhèanamh air ann an 2016 agus 2021. Fhuair a' Chairt ath-dheasaichte aonta bho Phàrlamaid na h-Alba air 5 Dàmhair, agus chaidh a chur an gnìomh bho 1 Samhain 2022 agus bidh e fhathast an gnìomh gus an cuir a' Phàrlamaid aonta ri Cairt ùr.

1.3 Mus do chuir iad a' Chairt ath-dheasaichte air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba airson aonta, agus mar a dh'fheumas iad fo earrainn 33 de dh'Achd 2010, chùm Ministearan na h-Alba co-chomhairleachadh agus iad a' sireadh bheachdan Riaghladair Taigheadais na h-Alba; luchd-gabhlail ann an taigheadas sòisealta agus na buidhnean riochdachaидh aca; uachdarain shòisealta; daoine gun dachaigh; agus luchd-ùidhe eile mu shusbaint na Caire. Ghabh iad ealla ris na beachdan aca uile gus dèanamh cinnteach gu bheil na leanas fìor mu shusbaint na Caire:

- gu bheil i a' mìneachadh nam builean a tha luchd-gabhlail agus luchd-ceannaich eile an dùil a choileanas uachdarain shòisealta
- gu bheil i a' toirt iomradh air an obair is gnìomhan taigheadais a-mhàin a nì uachdarain shòisealta
- gun gabh i a sgrùdadh, a measadh agus gun gabh aithris a dhèanamh oirre le Riaghladair Taigheadais na h-Alba.

1.4 Chan eil a' Chairt a' dol an àite gin de na dleastanasan laghail a th' air uachdarain shòisealta, ach ann an grunn phàirtean dhith tha na builean is ìrean a' mìneachadh nan toraidhean a bu chòir do dh'uachdarain shòisealta a choileanadh nuair a tha iad a' cumail ris na dleastanasan laghail aca.

### 2 Adhbhar na Caire

2.1 Tha a' Chairt a' cuideachadh gus piseach a thoirt air buadh is luach nan seirbheisean a bhios uachdarain shòisealta a' toirt seachad, agus tha i a' toirt taic do Bhuilean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a thaobh choimhlearsnachdan, na h-àrainneachd agus chòraichean daonna, builean a tha a' toirt dealbh dhuinn air an t-seòrsa Alba a tha sinn ag iarraidh fhaicinn. Nì a' Chairt sin le bhith:

- a' cur an cèill gu soilleir na bu chòir do luchd-gabhlail is luchd-ceannaich eile a bhith a' suileachadh bho uachdarain shòisealta, agus le bhith gan cuideachadh gus toirt air uachdarain uallach a ghabhlail airson na nì iad
- ag iarraidh air uachdarain shòisealta a bhith a' dèanamh oidhrip gus builean a

- choileanadh a tha cudromach dhan luchd-cheannaich aca
- a' toirt shlatan-tomhais do Riaghladair Taigheadais na h-Alba gus measadh is aithris a dhèanamh air mar a tha uachdarain a' coileanadh nan dleastanasan aca. Tha am measadh seo a' leigeil leis an Riaghladair, uachdarain shòisealta, luchd-gabail agus luchd-ceannaich eile raointean a chomharrachadh far a bheil deagh ìrean-coileanaidh ann agus raointean far a bheil leasachadh a dhìth.

2.2 Cuideachd, bidh aithisgean an Riaghladair a' cuideachadh Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh poblach airson taigheadas sòisealta ùr ga thoirt a-mhàin do dh'uachdarain a tha a' ruighinn ìrean-coileanaidh matha a rèir nam measaidhean.

### **3 Mìneachadh air agus brìgh nam builean is nan ìrean**

3.1 Tha a' chòir air taigheadas iomchaidh na chòir dhaonna fo laghan eadar-nàiseanta. Tha gach buil is ìre sa Chairt a' toirt taic dhan chòir sin le bhith a' stèidheachadh ìrean is bhulean a bu chòir do dh'uachdarain shòisealta a chur an sàs airson an luchd-gabail is luchd-ceannaich aca agus iad a' toirt seachad dhachaighean is sheirbheisean sàr mhath.

3.2 Tha seachd earrainnean sa Chairt, a' gabail a-steach: co-ionannachd; an dàimh eadar an neach-ceannaich/uachdaran; càileachd is gleidheadh an taigheadais; nàbaidheachd is coimhearsnachd; cothrom air taigheadas agus taic; a' faighinn luach math bho chosgaisean màil is seirbheise; agus luchd-ceannaich eile. Tha 16 builean is ìrean uile-gu-lèir innte a bu chòir do dh'uachdarain shòisealta a choileanadh. Tha na builean is ìrean a' buntainn ris a h-uile uachdaran sòisealta, ach a-mhàin àireamh 12 a tha a' buntainn dìreach ri comhairlean agus na dleastanasan aca a thaobh daoine gun dachaigh; agus àireamh 16 a tha a' buntainn ri comhairlean agus uachdarain shòisealta chlàraichte a bhios a' stiùireadh làrach do Shiopsaich/Luchd-siubhail.

3.3 Anns gach earrainn gheibhear mìneachadh goirid air co-theacsa na buile no na h-ìre, a' gabail a-steach raointean obrach/gniomhachd ris am buin i agus eisimpleirean de dhleastanasan laghail buntainneach co-cheangailte rithe. Chan eil am mìneachadh mar phàirt dhen bhuil, agus chan eil e ag innse do dh'uachdarain shòisealta mar a choileanas iad i. Tha e an urra ri gach uachdaran mar a nì iad sin, agus nì iad an co-dhùnadhar sin an co-bhuinn ri an luchd-gabail is luchd-ceannaich eile.

3.4 Tha na builean gus dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd, conaltradh is com-pàirt ann a' buntainn ri gach earrainn dhen Chairt.

### **4 A' measadh mar a choileanas uachdarain shòisealta na builean is ìrean**

4.1 Tha e mar uallach air uachdarain shòisealta na builean is ìrean sa Chairt a choileanadh. Tha iad cunnatachail dhan luchd-ghabhail is luchd-ceannaich eile aca a thaobh cho math 's a choileanas iad na builean is ìrean. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil na siostaman aca gus rian a chumail agus aithris a dhèanamh air

ìrean coileanaidh: a' sealltainn cho math 's a tha iad a' coileanadh nam builean; a' comharrachadh raointean sam bith far a bheil leasachadh a dhìth; agus ga dhèanamh comasach dhaibh aithris a dhèanamh dhan luchd-ghabhail is luchd-ceannaich eile aca agus do Riaghladair Taigheadais na h-Alba.

4.2 Fo Achd 2010, tha e mar uallach air Riaghladair Taigheadais na h-Alba sgrùdadadh, measadh is aithris a dhèanamh air cho math 's a tha uachdarain shòisealta, fa leth agus iad uile còmhla, a' coileanadh builean na Caire.

## 5 A' dèanamh ath-sgrùdadadh is ath-dheasachadh air a' Chairt

5.1 Mura h-eil duilgheadasan mòra ann a tha a' ciallachadh gum bu chòir atharraichean a thoirt air a' Chairt, bidh i an gnìomh airson còig bliadhna bho 1 Samhain 2022. Ann an co-bhuinn ri luchd-ùidhe ann an 2026, nì Ministearan sgrùdadadh air a' bhuaidh a th' aice air ìrean-coileanaidh, càileachd agus luach seirbheisean nan uachdaran sòisealta, agus air an fheum a nì i do luchd-gabhal agus luchd-ceannaich eile, uachdarain shòisealta agus do Riaghladair Taigheadais na h-Alba.

### Builean is ìrean na Cairte

#### An dàimh eadar an neach-ceannaich/uachdaran

##### 1: A' dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd ann

Bidh uachdarain shòisealta a' coileanadh gach pàirt de na seirbheisean taigheadais aca ann an dòigh far am bi iad:

- a' cumail taic ris a' chòir air taigheadas iomchaidh
- ag aithneachadh nam feumalachdan is nan còraichean fa leth aig gach neach-gabhal is neach-ceannaich eile, a' dèiligeadh riutha gu cothromach agus le spèis, agus a' toirt cothrom ceart dhaibh air taigheadas agus seirbheisean taigheadais.

Tha a' bhuil seo a' mìneachadh na bu chòir do dh'uachdarain shòisealta a bhith a' coileanadh, le bhith a' cumail ris na dleastanasan reachdail aca a thaobh co-ionannachd, dhan luchd-ghabhail is luchd-ceannaich uile aca a dh'aindeoin aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, suidheachadh pòsaidh no companas catharra, cinneadh, creideamh no na tha sibh a' creidsinn, gnè, no taobh gnèitheasach. Mar phàirt dhe sin, feumar cur às do leth-bhreith agus co-ionannachd chothroman a chur air adhart. Tha e a' gabhal a-steach an t-uallach a th' air uachdarain gus tuigse fhaighinn air na còraichean is feumalachdan a th' aig diofar luchd-ceannaich (mar eisimpleir, daoine a tha air droch dhìol fhulang no a tha a' fulang droch dhìol san dachaigh) agus a' toirt sheirbheisean seachad a tha a' gabhal ealla ris agus a' frithadaladh orra sin. Mar phàirt dhe sin, nithear atharraichean reusanta.

## 2: Conaltradh

Bidh uachdarain shòisealta a' stiùireadh a' ghnothachais aca gus am bi:

- e furasta do luchd-gabail agus luchd-ceannaich eile conaltradh a dhèanamh ris an uachdaran aca agus am fiosrachadh a tha dhìth orra fhaotainn mun uachdaran aca, mu ciamar agus carson a tha iad a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus mu na seirbheisean a bheir iad seachad.

Tha a' bhuil seo a' gabail a-steach gach taobh dhen chonaltradh a nì uachdarain ri luchd-gabail is luchd-ceannaich eile. An lùib sin tha a' cleachdadh diofar mheadhanan conaltraidh neo-dhidseatach is didseatach, meadhanan air am faigh daoine cothrom gu furasta agus a tha a' frithealadh air feumalachdan gach duine fa leth. Cuideachd, mar phàirt dhe seo bidh uachdarain a' dèanamh cinnteach gu bheil e furasta do luchd-gabail is luchd-ceannaich eile gearanan a thogail agus beachdan a thoirt seachad air seirbheisean, agus cleachdaidh iad am fiosrachadh sin gus piseach a thoirt air seirbheisean is ìrean-coileanaidh, agus innsidh uachdarain do dhaoine mu na rinn iad mu dheidhinn ghearanan is bheachdan a fhuar iad. Chan eil e a' fàgail uallach air uachdarain gus fiosrachadh pearsanta no coimeirsealta, a tha fo dhòn laghail, a thoirt seachad.

## 3: Com-pàirt

Bidh uachdarain shòisealta a' stiùireadh a' ghnothachais aca ann an dòigh far am bi iad:

- a' toirt taghadh de chothroman do luchd-gabail agus luchd-ceannaich eile feuch am bi e furasta dhaibh com-pàirt a ghabail ann an, agus buaidh a thoirt air, co-dhùnaidhean an uachdarain aca aig ìre leis am bi an luchd-gabail is luchd-ceannaich eile cofhurtail.

Tha a' bhuil seo a' mìneachadh na bu chòir do dh'uachdarain a choileanadh ann a bhith a' cumail ris na dleastanasan reachdail aca a thaobh chothroman com-pàirt do luchd-gabail. Tha e a' gabail a-steach mar a bhios uachdarain shòisealta a' trusadh agus a' gabail ealla ri beachdan is priomhachasan an luchd-ghabail aca, luchd-ceannaich eile, agus buidhnean a tha gan riochdachadh leithid bhuidhnean luchd-gabail clàraichte; mar a bhios iad a' toirt sheirbheisean seachad stèidhichte air na beachdan a gheibhearr; agus mar a bhios iad a' cuideachadh luchd-gabail, agus luchd-ceannaich eile feuch am bi iad nas comasaiche air com-pàirt a ghabail – mar phàirt dhe sin dh'fhaodadh iad taic a thoirt dhaibh gus sgrùdadadh a dhèanamh air seirbheisean an uachdarain.

## Càileachd is gleidheadh an taigheadais

### 4: Càileachd an taigheadais

Bidh uachdarain shòisealta a' stiùireadh a' ghnothachais aca gus am bi:

- dachaighean an luchd-ghabhail, nuair a gheibh iad iad, daonna aig a' char as lugha glan, sgiobalta agus ann an staid mhath, a' coileanadh Ìrean Càileachd Taigheadais na h-Alba (ICTA), agus inbhe togail sam bith eile a tha ga cur an sàs rè ùine a' ghabhaltais; agus a' cumail ris na h-Ìrean buntainneach a thaobh Èifeachdas Cumhachd agus Teas gun Sgaoilidhean.

Tha na h-ìrean seo a' cur an cèill na nì uachdarain anns gach togalach aca. Tha iad a' gabhail a-steach a h-uile togalach a tha uachdarain shòisealta a' toirt seachad air mhàl, ach nuair nach fheum togalach sònraichte pàirt dhen ìre a choileanadh. Ma thachras, airson adhbharan sòisealta no teicnigeach, nach urrainn do dh'uachdarain pàirt sam bith dhe na h-ìrean seo a choileanadh, bu chòir dhaibh ath-sgrùdad a dhèanamh gu cunbalach air an t-suidheachadh agus dèanamh cinnteach gun toir iad piseach air cùisean cho luath 's as urrainn dhaibh.

### 5: Càradh, gleidheadh is leasachaidhean

Bidh uachdarain shòisealta a' stiùireadh a' ghnothachais aca gus am bi:

- dachaighean luchd-gabhall air an gleidheadh gu math, agus thèid obair chàraidh is leasachaidh a dhèanamh nuair a bhios feum air, agus gheibh luchd-gabhall roghainn reusanta a thaobh cuin a nithear an obair.

Tha a' bhuil seo a' mìneachadh mar a bu chòir do dh'uachdarain na dleastanasan reachdail aca a choileanadh a thaobh obair chàraidh agus gum bu chòir dhaibh obair chàraidh, ghleidhidh agus seirbheisean leasachaidh a thoirt seachad a nì dòn air luach an taigheadais aca agus a ghabhas ealla ri na tha an luchd-gabhall ag iarraidh agus na b' fheàrr leotha. Mar phàirt dhe sin, dh'fhaodadh gun tèid priomhachasan is clàran-ama càraidh a stèidheachadh; gun tèid slatan-tomhais airson obair chàraidh a stèidheachadh leithid obair chàraidh a dhèanamh gu ceart a' chiad turas, ann an àm; agus gun tèid measadh a dhèanamh air cho riaraichte 's a tha an luchd-gabhall leis na seirbheisean a gheibh iad.

## Nàbaidheachd is coimhearsnachd

### 6: Rianachd na h-oighreachd, dol a-mach mì-shòisealta, a' cur dragh air nàbaidhean agus eas-aonta a thaobh gabhaltais

Bidh uachdarain shòisealta, ann an co-bhuinn ri buidhnean eile, a' cuideachadh airson dèanamh cinnteach cho fad 's as urrainnear gum bi:

- luchd-gabail agus luchd-ceannaich eile a' fuireach ann an nàbaidheachd far a bheil iad a' faireachdainn sàbhailte.

Tha a' bhuil seo a' gabail a-steach diofar ghnìomhan as urrainn do dh'uachdarain shòisealta a dhèanamh, leotha fhèin no ann an co-bhuinn ri buidhnean eile. Tha e a' gabail a-steach taic do dhaoine a tha air droch dhìol fhlàng, no a tha a' fulang droch dhìol, san dachaigh, gniomhan gus cumhachan gabhaltais a chur an gniomh a thaobh rianachd na h-oighreachd agus a' cur dragh air nàbaidhean, a' faighinn fuasgladh air eas-aonta eadar nàbaidhean, agus a' cur air dòigh no a' toirt seachad taic a thaobh gabhaltais nuair a tha sin a dhùth. Tha e cuideachd a' gabail a-steach nan dleastanasan a th' air uachdarain gus obair còmhla ri càch airson dèligeadh ri dol a-mach mì-shòisealta.

## Cothrom air taigheadas is taic

### 7, 8 agus 9: Roghainnean taigheadais

Bidh uachdarain shòisealta ag obair còmhla airson dèanamh cinnteach:

- gum faigh daoine a tha a' coimhead airson dachaigh fiosrachadh a chuidicheas iad le bhith a' dèanamh roghainnean is cho-dhùnайдhean fiosrach a thaobh nan roghainnean taigheadais a th' aca
- gun urrainn do luchd-gabhall agus daoine air liostaichean taigheadais breithneachadh a dhèanamh air na roghainnean taigheadais aca.

Tha dleastanas air uachdarain shòisealta a thaobh a bhith a' cur stad air suidheachaidhean far a bheil daoine gun dachaigh agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach:

- gum faigh daoine, a tha ann an cunnart an dachaigh aca a chall, comhairle is fiosrachadh air na ghabhas dèanamh gus stad a chur air sin.

Tha na builean seo a' gabhall a-steach nan dleastasan a th' air uachdarain gus fiosrachadh a thoirt do dhaoine a tha a' coimhead airson dachaigh agus gus comhairle a thoirt dhan fheadhainn a tha an cunnart a bhith gun dachaigh feuch an tèid stad air suidheachaidhean, cho tràth 's as urrainnear, far am faod daoine a bhith gun dachaigh. Mar phàirt dhe seo, dh'fhaodadh gun dèanar 'sgrùdaidhean fallaineachd' a thaobh taigheadais do luchd-gabhall agus daoine air liostaichean taigheadais gus an cuideachadh le bhith a' beachdachadh air na roghainnean aca ann an roinn an taigheadais shòisealta no ann an roinn eile.

### 10: Cothrom air taigheadas sòisealta

Nì uachdarain shòisealta cinnteach:

- gum bi e furasta do dhaoine a tha a' coimhead airson dachaigh cur a-steach airson an taghaidh as fharsainge de thaigheadas sòisealta a tha ri fhaotainn agus gum faigh iad am fiosrachadh a tha dhìth orra a thaobh mar a bhios uachdarain a' toirt seachad dhachaighean agus air cho buailteach 's a tha e gum faigh iad dachaigh.

Tha a' bhuil seo a' gabhall a-steach nas urrainn do dh'uachdarain shòisealta a dhèanamh airson a dhèanamh furasta do dhaoine cur a-steach airson an taghaidh as fharsainge de thaigheadas sòisealta a tha ri fhaotainn, agus a tha freagarrach agus tha iomchaidh airson nam feumalachdan aca. Tha e a' gabhall a-steach ghnìomhan as urrainn do dh'uachdarain shòisealta a dhèanamh leotha fhèin agus ann an co-bhuinn ri càch, mar eisimpleir, tro Chlàran Taigheadais Coitcheann no co-sgeamaichean iomlaid, no tro sgeamaichean fiosrachaidh is comhairleachaidh ionadail.

## 11: A' cumail a' dol le gabhaltas

Nì uachdarain shòisealta cinnteach:

- gum faigh luchd-gabhal a fiosrachadh a tha dhìth orra a thaobh mar a gheibh iad taic gus fuireach san taigh aca; agus nì iad cinnteach gu bheil taic fhreagarrach ann, leithid sheirbheisean a bheir an t-uachdaran fhèin seachad agus an fheadhainn a bheir buidhnean eile seachad.

Tha a' bhuil seo a' gabhail a-steach mar as urrainn do dh'uachdarain, air an ceann fhèin no ann an co-bhuinn ri buidhnean eile, luchd-gabhal a chuideachadh a dh'haodadh a bhith feumach air taic gus cumail a' dol leis a' ghabhaltas aca. Am measg nan daoine sin, dh'haodadh luchd-gabhal a bhith ann a tha ann an cunnart a bhith air dheireadh leis a' mhàl aca, agus luchd-gabhal a tha feumach air atharraichean air an dachaigh aca gus am bi e freagarrach airson na h-aoise aca, ciorram no euslaint a th' orra no dhleastanasan càrach.

## 12: Daoine gun dachaigh

Bidh Comhairlean a' coileanadh nan dleastanasan aca a thaobh dhaoine gun dachaigh:

- gus am faigh daoine a tha gun dachaigh, no a tha ann an cunnart a bhith gun dachaigh, cuideachadh, comhairle is fiosrachadh gu sgiobalta agus gu furasta; gus am faigh iad àite-fuirich sealach no èiginn a tha freagarrach agus math nuair a tha sin a dhith; agus gus am faigh iad taic le bhith a' faighinn agus a' cumail dachaigh mar a bu chòir a bhith aca.

Tha a' bhuil seo a' mìneachadh nan rudan a bu chòir do chomhairlean a dhèanamh agus iad a' coileanadh nan dleastanasan reachdail aca do dhaoine a tha gun dachaigh no ann an cunnart a bhith gun dachaigh. Bu chòir do dh'uachdarain shòisealta ceumannan a stèidheachadh gus stad a chur air suidheachaidhean far am bi daoine gun dachaigh aig ìre cho tràth 's as urrainn.

## A' faighinn luach math bho mhàil agus prìsean seirbheis

### 13: Luach an airgid

Bidh uachdarain shòisealta a' stiùireadh gach taobh dhen ghnothachas aca gus am bi:

- luchd-gabhair, luchd-seilbhe agus luchd-ceannaich eile a' faighinn sheirbheisean anns a bheil luach a tha a' sìor dhol am meud airson a' mhàil agus nam prìsean eile a tha iad a' páigheadh.

Tha a' bhuil seo a' gabhair a-steach a bhith a' cumail rian èifeachdach is buadhach air seirbheisean. Na lùib tha: a' lughdachadh na h-ùine a tha taighean falamh; a' cumail rian èifeachdach air fiachan agus gach stòras; a' cumail rian air cosgaisean; a' faighinn luach an airgid bho chùmhnnant; a' gleidheadh barrachd luach bho airgead le bhith a' toirt piseach air seirbheisean le cho beag cosgais a bharrachd as urrainn do luchd-gabhair, luchd-seilbhe agus luchd-ceannaich eile; a' toirt cothrom do luchd-gabhair is luchd-ceannaich a bhith an sàs ann a bhith a' stèidheachadh irean màil agus prìsean sheirbheisean; agus a' sgrùdad agus a' dèanamh ath-sgrùdad air mar a bheir uachdarain luach an airgid do dhaoine.

### 14 agus 15: Màl agus prìsean sheirbheisean

Bidh uachdarain shòisealta a' stèidheachadh irean màil agus phrìsean sheirbheisean ann an co-bhuinn ri an luchd-gabhair is luchd-ceannaich eile:

- gus am bi cothromachadh ann eadar ire nan seirbheisean a gheibhear, cosgaisean nan seirbheisean, agus cho furasta 's a tha e dhan luchd-ghabhail agus luchd-cleachdaidh a th' ann an-dràsta, agus dhan fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith ann, pris nan seirbheisean a phàigheadh
- feuch am faigh luchd-gabhair fiosrachadh soilleir air mar a thèid am màl agus airgead eile a chosg, a' gabhair a-steach fios air cosgaisean sam bith a tha nas motha na na h-ìrean cosgais a chaidh aontachadh eadar na h-uachdarain agus an luchd-gabhair.

Tha na builean seo a' sealltainn: mar a tha dleastanas laghail air uachdarain beachdan an luchd-ghabhail a shireadh mu bhith a' stèidheachadh irean màil; cho cudromach 's a tha e gun tèid ealla a ghabhair ri nas urrainn dhan luchd-ghabhail agus luchd-ceannaich eile a th' ann an-dràsta, agus dhan fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith ann, a phàigheadh; agus gu bheil e cudromach do thòrr luchd-gabhair gum bi fios aca air mar a tha an t-airgead aca ga chosg. Airson chomhairlean ionadail, mar phàirt dhe seo tha aca ri cumail ri stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air cunntasan airson teachd-a-steach bho thaigheadas. Feumaidh gach uachdaran co-dhùnadhbh a dhèanamh, ann an co-bhuinn ri luchd-gabhair agus luchd-ceannaich eile, am bu chòir dhaibh fiosrachadh fhoillseachadh mu chaiteachas a tha nas àirde na ire shònraichte, agus mun chruth anns an tèid sin fhoillseachadh agus dè cho mionaideach 's a bhios am fiosrachadh. 'S e a tha cudromach gum bi còmhraidhean ann agus gu bheil na co-dhùnidhean a' gabhair ealla ri beachdan an luchd-ghabhail agus an luchd-ceannaich eile.

## Luchd-ceannaich eile

### 16: Siopsaich/Luchd-siubhail

Bu chòir do chomhairlean ionadail agus uachdarain shòisealta, aig a bheil uallaichean stiùiridh airson làraich aig Siopsaich / Luchd-siubhail, na làraich a stiùireadh gus am bi:

- na làraich air an gleidheadh gu math agus air an deagh stiùireadh agus nach bi iad fo na h-ìrean airson làraich a chithear ann an stiùireadh Riaghaltas na h-Alba.

Tha a' bhuil seo a' gabhail a-steach ghnìomhan a nì uachdarain gus dèanamh cinnteach:

nach bi na làraich aca fo na h-ìrean airson làraich Shiopsach / Luchd-siubhail a chithear ann an stiùireadh Riaghaltas na h-Alba, agus gum bi aontaidhean-còmhnaidh aig daoine a tha a' fuireach orra a tha air an dealbh a rèir nan còraichean is dleastanasan a gheibhear san stiùireadh.

Tha gach ìre is buil sa Chairt a' buntainn ri Siopsaich / Luchd-siubhail.

## Riaghaltas na h-Alba Samhain 2022

## Fios mun chainnt

Thatar a' cleachdadh cuid a dh'abairtean/fhaclan air feadh na Cairte, agus tha mineachadh orra gu h-ìosal.

### Achd an Taigheadais (Alba) 2010, earrainn 31

Thatar ag ràdh ann an Earrainn 31 dhen Achd:

'Feumaidh Ministearan ìrean seirbheis is builean a stèidheachadh air am bu chòir do dh'uachdarain shòisealta a bhith ag amas nuair a tha iad a' coileanadh na h-obrach is nan gniomhan taigheadais aca.

Canar "Cairt Taigheadais Shòisealta na h-Alba" ris an sgriobhainn anns am faicear na h-ìrean is builean sin.'

### Builean Nàiseanta

Tha a' Chairt a' toirt taic do na builean, gum bi daoine:

- a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, làidir, sàbhailte agus aig a bheil cumhachd
- a' cur luach is a' gabhail tlachd anns an àrainneachd aca agus a' cur dòn is a' toirt piseach oirre
- a' toirt spèis do, a' cur dòn air agus a' toirt chòraichean daonna gu buil agus beò gun leth-bhreith.

### Buil

- 'S e a th' ann am buil, rud a tha sinn a' miannachadh a thachras.
- Tha a' Chairt a' stèidheachadh nam builean a bu chòir do dh'uachdarain shòisealta a choileanadh airson an luchd-ghabhail is luchd-ceannaich eile aca.
- Chan ann mu dheidhinn na nì uachdarain a tha a' Chairt no mu dheidhinn mar a nì iad e. 'S ann mu dheidhinn na bhios a' tachairt nuair a bhios luchd-ceannaich a' faighinn sheirbheisean bho uachdarain a tha i.

### Riaghladair Taigheadais na h-Alba

'S e buidheann neo-eisimeileach a th' anns an Riaghladair a stèidhich Pàrlamaid na h-Alba gus uallach a ghabhail airson daoine a tha no a dh'fhaodadh a bhith gun dachaigh, luchd-gabhall aig uachdarain shòisealta, no luchd-cleachdaidh nan seirbheisean a bhios uachdarain shòisealta a' toirt seachad. Bidh an Riaghladair a' dèanamh sgrùdadadh, measadh agus aithris air na h-ìrean coileanaidh aig uachdarain mu choinneimh bhuilean is ìrean na Cairte.

## Ìrean Càileachd Taigheadais na h-Alba (ICTA)

'S e a th' anns an ICTA, a' phrìomh dhòigh aig Riaghaltas na h-Alba tomhas a dhèanamh air cho math 's a tha taigheadas sòisealta ann an Alba.

### Traigheadas sòisealta

Traigheadas a bheir comhairlean no comainn thaigheadais seachad fo Ghabhaltas Tèarainte Albannach no Geàrr-ghabhaltas Tèarainte Albannach.

### Uachdaran Sòisealta

- Comhairle a tha na h-uachdaran.
- Uachdaran neo-phrothaid, clàraichte le Riaghladair Taigheadais na h-Alba (mar eisimpleir, comann taigheadais, no co-chomann).
- Comhairle aig nach eil sealbh air taigheadas ach tha a' toirt sheirbheisean taigheadais seachad, mar eisimpleir, seirbheisean do dhaoine gun dachaigh.

### Neach-ùidhe/Luchd-ùidhe

Neach no buidheann aig a bheil ùidh ann an taigheadas sòisealta agus an dòigh sa bheil e air a riaghladh. Seo agaibh eisimpleirean de luchd-ùidhe:

- Riaghladair Taigheadais na h-Alba.
- Luchd-gabhall aig uachdarain shòisealta agus na buidhnean a tha a' riochdachadh luchd-gabhall.
- Daoine gun dachaigh agus buidhnean a tha gan riochdachadh.
- Daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean taigheadais a bheir uachdarain shòisealta seachad agus buidhnean a tha a' riochdachadh an luchd-chleachdaidh sin.
- Uachdarain shòisealta agus buidhnean a tha gan riochdachadh.
- Luchd-creideis tèarainte aig uachdarain shòisealta chlàraichte agus buidhnean a tha a' riochdachadh an luchd-chreideis sin.
- Coimisean Chunntasan na h-Alba.
- Coimisean na Co-ionannachd agus Coimisean nan Còraichean Daonna agus buidhnean eile le uallach airson chothroman co-ionann.

### Ìre

Ìre càileachd a bu chòir dhan a h-uile uachdaran sòisealta a choileanadh.

### Luchd-gabhall agus luchd-ceannaich eile

- Daoine a tha nan luchd-gabhall aig uachdaran sòisealta mu thràth.
- Daoine a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-gabhall san ùine ri thighinn – mar eisimpleir, cuideachd a tha air cur a-steach airson gabhaltas.

- Daoine gun dachaigh.
- Daoine a tha a' cleachdadhe seirbheis taigheadais a bheir uachdaran sòisealta seachad – mar eisimpleir, daoine aig a bheil sealbh air taigh a phàigheas uachdaran sòisealta gus seirbheis factair a thoirt seachad, no Siopsaich/Luchd-siubhail a chleachdas làraich a bheir uachdaran sòisealta seachad dhaibh.



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-730-1 (web only)

Published by The Scottish Government, May 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1275663 (05/23)

w w w . g o v . s c o t